

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Am Màidsear-pìoba Dòmhnnall MacIlleBhàin

Each week the West Highland Free Press publishes the text for Ruairidh's "Letter to Gaelic Learners" on BBC Radio nan Gàidheal (103.5-105 FM). Broadcasts are as follows: 2:55pm on Sunday as part of BBC Radio nan Gàidheal's hour-long learning zone, following the Gaelic Learners' programme 'SpeakGaelic Extra', with a repeat at 10.30 pm on Wednesday. This is Litir 1,362. There is also a simpler version – An Litir Bheag – which is broadcast at 2:30pm each Sunday. Litir Bheag 1,058 corresponds to Litir 1,362. The Litir is also available at www.bbc.co.uk/litir and www.learngaelic.scot/litir. Ruairidh can be contacted at fios@learngaelic.scot.

An latha eile, bha mi a' coimhead prògram telebhisein air a bheil mi rudeigin measail. 'S e sin an *Repair Shop*. Bidh daoine a' toirt innealan no dealbhan no leabhraichean ann ma tha iad feumach air càradh. 'S e prògram laghach a th' ann.

Ged a tha a' bhùth-obrach aca stèidhichte ann an ceann a deas Shasainn, bidh iad air an rathad uaireannan – gu àiteachan eile anns an Rìoghachd Aonaichte. Agus, o chionn ghoirid, bha iad ann an Siorrachd Pheairt.

Nuair a bha iad ann, thàinig càraid phòsta thuca le seann leabhar-ciùil a bha feumach air càradh. Bha an leabhar uaireigin le pìobaire a bha ainmeil anns an naoidheamh linn deug – am Màidsear-pìoba Dòmhnnall MacIlleBhàin. Bha e ann an rèisimeid an Fhreiceadain Duibh.

'S e an rud a thog m' aire mu dheidhinn gun robh teacsa an leabhair ann an Gàidhlig. Nise, chan eil mi cinnteach an robh barrachd na tiotalan nam port ann an Gàidhlig, ach bha sin ann co-dhiù. Cha chreid mi gun robh Beurla sam bith anns an leabhar.

Bha mi airson tuilleadh fhaighinn a-mach mu Dhòmhnnall MacIlleBhàin, no *Donald Bain* ann am Beurla. Bha cuid de na sinnsirean aige an sàs ann am Blàr Chùil Lodair – tha mi an dùil air taobh an Riaghaltais. Rugadh Dòmhnnall ann an Gallaibh ann an ochd ceud deug is naoi-deug (1819). Tha cuid de na cunntasan mu dheidhinn ag ainmeachadh Inbhir Ùige mar àite-breith. Tha feedhainn eile ag ainmeachadh Taigh 'an Ghròt. Co-dhiù, rugadh e ann an sgìre **far nach robh mòran Gàidhlig ga bruidhinn**. Chan eil sin a' ciallachadh, ge-tà, nach robh an cànan aige na òige.

Nuair a bha e òg, bha Dòmhnnall na chìobair. An uair sin, ghabh e àite anns an arm. Bha e thall ann an Ameireagaidh a Tuath agus anns na h-Innseachan. Ach dh'fhàs e ainmeil airson a sheirbheis ann an Crimea. Bha armait aig na Breatannaich agus na Frangaich a' sabaid an aghaidh nan Ruiseanach a bha a' dion a' phuirt ainmeil air a bheil Sevastopol.

Bha batail ainmeil aig Abhainn Alma, tuath air Sevastopol. Rinn na Breatannaich agus na Frangaich a' chùis. Agus **am measg na chunnacas** air blàr a' bhatail, bha Dòmhnnall MacIlleBhàin. Bha e a' seinn na pìoba, eadhon ged a bha e ann an suidheachadh cunnartach. An dèidh sin, ghabh cuid 'Gaisgeach na h-Alma' air.

Bha e cho ainmeil aig an àm sin, 's gun deach urram mòr a thabhannd dha – Piobaire Pearsanta don Bhanrigh Bhictoria. Leig Dòmhnnall an cothrom sin seachad,

ge-tà, oir bhathar ag iarraidh fear nach robh pòsta. Agus bha Dòmhnnall am beachd bean a ghabhail.

Bha e fior mhath mar phìobaire agus bhiodh e a' seinn na pìoba aig cuirmean air feadh Bhreatainn. Chaith Carragh-chuimhne don Fhreiceadan Dubh a thogail ann an Obar Pheallaidh. Nuair a bha cuirm-fhosglaidh ann, ann an ochd ceud deug, ochdad 's a seachd (1887), 's e Dòmhnnall MacIlleBhàin an riochdaire a bu shine aig an rèisimeid a bha an làthair.

Anns an earrainn mu dheireadh de a bheatha, bha Dòmhnnall a' fuireach ann an Dùn Dè. Bha e an sàs gu mòr ann an còmhlan pìoba an sin. Chaochail e ann an ochd ceud deug, naochad 's a còig (1895). Chaith a thiodhlacadh ann an Cladh Taobh Sear Dhùn Dè le làn-urram an airm – mar a bha iomchaidh do ghaisgeach cogaidh.

* * * * *

Faclan na Litreach: An Rioghachd Aonaichte: *The United Kingdom*; Siorrachd Pheairt: *Perthshire*; càraig phòsta: *married couple*; leabhar-ciùil: *music book*; rèisimeid an Fhreiceadain Duibh: *The Black Watch regiment*; Blàr Chùil Lodair: *The Battle of Culloden*; Taigh 'an Ghròt: *John O' Groats*; armait: *armoured force, army*; Gaisgeach na h-Alma: *the Hero of the Alma*; Dùn Dè: *Dundee*; còmhlan pìoba: *pipe band*.

Abairtean na Litreach: air a bheil mi rudeigin measail: *of which I am somewhat fond*; ma tha iad feumach air càradh: *if they are in need of repair*; le pìobaire a bha ainmeil anns an naoidheamh linn deug: *owned by a piper who was famous in the 19th century*; am Màidsear-pìoba Dòmhnnall MacIlleBhàin: *Pipe Major Donald Bain*; barrachd na tiotalan nam port: *more than the titles of the tunes*; ag ainmeachadh Inbhir Ùige mar àite-breith: *name Wick as his birthplace*; bha Dòmhnnall na chiobair: *Donald was a shepherd*; thall ann an Ameireagaidh a Tuath agus anns na h-Innseachan: *over in North America and in India*; dh'fhàs e ainmeil airson a sheirbheis ann an Crimea: *he became famous for his service in Crimea*; rinn na Breatannaich agus na Frangaich a' chùis: *the British and French were victorious*; leig Dòmhnnall an cothrom sin seachad, ge-tà: *Donald declined that opportunity, however*; oir bhathar ag iarraidh fear nach robh pòsta: *because they were looking for a bachelor*; bha Dòmhnnall am beachd bean a ghabhail: *Donald was considering taking a wife*; bhiodh e a' seinn na pìoba aig cuirmean air feadh Bhreatainn he would play the pipes at events throughout Britain; chaith Carragh-chuimhne don Fhreiceadan Dubh a thogail ann an Obar Pheallaidh: *a memorial to the Black Watch was erected in Aberfeldy*; 's e X an riochdaire a bu shine aig an rèisimeid a bha an làthair: *X was the oldest representative of the regiment who was present*; chaith a thiodhlacadh ann an Cladh Taobh Sear Dhùn Dè: *he was buried in the Eastern Cemetery in Dundee*; làn-urram an airm: *full military honours*; mar a bha iomchaidh do ghaisgeach cogaidh: *as befitted a war hero*.

Puing-chànan na Litreach: far nach robh mòran Gàidhlig ga bruidhinn: *where not much Gaelic was spoken. This is a passive structure which you will meet occasionally. The verbal noun is not lenited because Gàidhlig is a feminine singular noun. A plural example would be: far nach robh mòran chànanan gam bruidhinn 'where not many languages were [being] spoken'*.

Gnàthas-cainnt na Litreach: am measg na chunnacas: *among what was seen*.

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoineachadh le MG ALBA